HP1.78.2890

AN COMUNN GAIDHEALACH

BONN-STEIDH AGUS RIAGHAILTEAN

Constitution and Rules

FRITH-LAGHANNAN

Bye-Laws

An t- Sultuin, 1938

National Library of Scotland
B000314635

BONN-STEIDH AGUS RIAGHAILTEAN

Constitution and Rules

AN COMUNN GAIDHEALACH

Air a shuidheachadh 1891.

AINM.

1. Bithidh An Comunn Gaidhealach mar ainm air a' Chomunn.

RUINTEAN.

2. Is iad rùintean a' Chomuinn a bhi a' brosnachadh agus ag adhartachadh

(*a*) Teagasg agus cleachdadh na Gàidhlige.

(*b*) Cnuasachd agus leasachadh air litreachas na Gàidhlig, eachdraidh, ceòl agus ealdhain.

(*c*) Gniomhachas nàiseanta Gaidhealtachd na h-Alba agus caitheamh an éididh Ghaidhealaich.

Ann a bhith a' leantainn agus ag cur ris na rùintean so, cumaidh An Comunn Mòd bliadhnail aig am bi co-fharpuisean agus foillseachaidhean, a reir nan rùintean sin, ag gabhail àite agus duaisean air an dìoladh.

Cha bhi buntainn aig a' Chomunn ri nithean pobullach no creidmheach.

BUILL.

3. Bidh anns a' Chomunn Buill Urramach, Buill Bheatha, Buill Chumanta agus Buill Riochdaichte.

4. Bidh muinntir a rinn seirbhis chomharraichte an aobhar Ceilteach air am meas airidh air a bhi 'nam Buill Urramach. Théid an taghadh a mhàin aig coinneimh de'n Chomunn agus le deagh-ghean, air a' chuid as lugha, tri-cheathramh aireimh nam ball a tha 's an làthair. Feumaidh an rùn Ball Urramach ainmeachadh a bhi air innseadh anns an litir a tha ag gairm na Coinneimh.

5. Faodaidh neach sam bith aig am bheil ùidh an rùintean a' Chomuinn a bhi air a ghabhail a steach mar Bhall Beatha no Cumanta, ma chuireas ball ainm ris an iarrtas.

6. Faodaidh Buill Riochdaichte a bhi air an taghadh le Meuran a' Chomuinn agus bidh aca gach sochair a tha aig Buill Chumanta. Faodaidh gach Meur aon riochdair a thaghadh air a' Chomunn Mhàthaireil airson gach suim leth-chruin a phaidheas iad do ionmhas a' Chomuinn.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND
B
1976

AN COMUNN GAIDHEALACH

Instituted 1891.

NAME.

1. The name of the Association shall be AN COMUNN GAIDHEALACH.

OBJECTS.

2. The objects of the Association shall be to encourage and promote

(*a*) The teaching and use of the Gaelic language.
(*b*) The study and cultivation of Gaelic literature, history, music and art.
(*c*) The native industries of the Highlands of Scotland, and the wearing of the Highland dress.

In pursuance and furtherance of these objects, the Association shall hold an annual Mòd, at which competitions and exhibitions in conformity with these objects shall take place and prizes shall be awarded.

The Association shall be non-political and non-sectarian.

MEMBERSHIP.

3. The Association shall consist of Honorary, Life, Ordinary and Representative Members.

4. Persons who have rendered distinguished service to the Celtic cause shall be eligible as Honorary Members. They shall be elected only at a meeting of the Association and with the approval of not less than three-fourths of the members present. The intention to nominate an Honorary Member must be intimated in the circular calling the meeting.

5. Any person interested in the objects of the objects of the Association shall, on the nomination of a member, be eligible as a Life or Ordinary Member.

6. Representative Members may be elected by Branches of the Association who shall have all the privileges of Ordinary Members. Each Branch may appoint one representative to the Central Association for every sum of 2/6 contributed to the central fund of the Association.

MEURAN.

7. Faodaidh Meuran de'n Chomunn a bhi air an cur air bonn an àite sam bith. Feumaidh, air a' chuid as lugha, da bhall dheug a bhi anns gach Meur. Bidh rùintean nam Meuran a réir rùintean a' Chomuinn. Socraichidh na Meuran a' chìs a dh'fheumas am buill fhein a phàidheadh, agus cuidichidh iad ann an deilbh nam Mòd Ionadail.

8. Tha e ceadaichte do gach Meur riochdair a thaghadh gu bhi 'na bhall de'n Chomhairle Ghniomhaich ach feumaidh e bhi 'na bhall de'n Chomunn.

9. Gleidhidh gach Meur Coinneamh Ghnothaich am mìosa a' Ghiblein, a' Cheitein no 'san Og-mhios anns gach bliadhna airson taghadh luchd-dreuchd agus, ma rùnaicheas iad, riochdairean air a' Chomunn agus air a' Chomhairle Ghnìomhaich.

10. Cuiridh rùn-chleireach gach Meoir, gach bliadhna, eadar latha Coinneimh Bhliadhnail a' Mheoir agus an treas là de'n Iuchar 'na dheidh, fios gu Rùnaire a' Chomuinn a' toirt, (*a*) ainmean an luchd-dreuchd a thaghadh aig a' Choinneimh Bhliadhnail sin, (*b*) ainmean agus àitean fuirich a riochdairean air a' Chomunn, (*c*) ainm agus àite fuirich a riochdair air a' Chomhairle Ghniomhaich, agus (*d*) aithisg air àireamh nam ball agus air obair a' Mheoir ré na bliadhna chaidh seachad.

COMUINN DHAIMHEIL.

11. Faodaidh comunn co-ghnéitheach sam bith le deagh-ghean na Comhairle Ghniomhaich tighinn an daimh ris a' Chomunn le cìs punnd Sasunnach 'sa bhliadhna a phaidheadh. Am feadh 'sa tha an comunn sin an daimh agus a' leantainn air paidheadh, tha e ceadaichte dha aon de a bhuill, a dh' fheumas a bhi 'na bhall de'n Chomunn, a bhi 'ga riochdachadh air a' Chomunn agus air a' Chomhairle Ghniomhaich.

CISEAN.

12. Cha bhi e mar fhiachaibh air Buill Urramach cìs sam bith a phaidheadh.

13. Pàidhidh Buill Bheatha aon tabhartas trì ginidhean.

BRANCHES.

7. Local Branches of the Association may be formed anywhere. Each branch shall consist of not less than twelve members. Branches shall work in conformity with the objects of the Association. Branches shall fix the subscriptions of their own members and co-operate in the organising of Provincial Mòds.

8. Each Branch shall be entitled to appoint to the Executive Council a representative who must be a member of the Central Association. Arnold Thomson motion a.a.m. 1954

9. Each Branch shall hold a business meeting in April, May or June in each year for the election of office-bearers and, if it so resolves, of representatives on the Association and Executive Council.

10. The Secretary of each Branch shall, every year, between the date of the annual meeting of the Branch and the 3rd of July ensuing, forward to the Secretary of the Association (*a*) a list of its office-bearers elected at said annual meeting, (*b*) the names and addresses of its representatives on the Association, (*c*) the name and address of its representative on the Executive Council, and (*d*) a report of its membership and work during the preceding year.

AFFILIATED SOCIETIES.

11. Any kindred society may, with the approval of the Executive Council, become affiliated with the Association on payment of £1 per annum, and shall when so affiliated, and while continuing to contribute, be entitled to appoint one of its members, who must be a member of the Association, to be its representative on the Association and the Executive Council.

SUBSCRIPTIONS.

12. Honorary Members shall not be obliged to pay any subscription.

13. Life Members shall each pay one subscription of three guineas.

14. Paidhidh Buill Chumanta cìs cóig tasdain gach bliadhna, agus bidh so ri phàidheadh roimh laimh, air ceud là an Og-mhios. Faodaidh ainm Ball Cumanta sam bith a tha bliadhna air dheireadh gun phaidheadh a bhi air a thoirt dheth an ròla.

COINNEAMHAN.

15. Bidh Coinneamh Bhliadhnail a' Chomuinn air a cumail aig an aon àite agus aig an aon àm ris a' Mhòd.

16. Aig coinneamhan a' Chomuinn agus na Comhairle Ghnìomhaich is i a' Ghàidhlig a bhios air a cleachdadh an coitcheannas, ach bidh e ceadaichte do bhall sam bith, ma's docha leis, labhairt am Beurla. Air a' chuid as lugha bidh aon de Choinneamhan na Comhairle Ghnìomhaich air a riaghladh an Gaidhlig. Bidh Gearr-sheanachas Coinneamhan na Comhairle Ghnìomhaich ann an Gaidhlig.

17. Aig a' Choinneimh Bhliadhnail théid iomradh air gnothaichean na Coinneimh Ghniomhaich ré na bliadhna chaidh seachad a thoirt seachad, agus aithisgean air gnìomhachas nan Comhairlean Seas-mhach ; buil an taghaidh airson dreuchdan Cinn Suidhe, Iar Chinn Suidhe agus Comhairle a liubhairt, agus bheir an t-Ionmhasair aithisg air Cunntasan a' Chomuinn. Bidh na h-aithisgean agus na h-iom-raidhean so air gabhail riutha aig Coinneimh Shòn-raichte na Comhairle Ghniomhaich roimh làimh.

18. Théid Coinneamhan Araid de'n Chomunn a ghairm leis an Rùnaire air (*a*) iarrtas ris an cuir, air a' chuid as lugha, cóig buill fhichead de'n Chomunn an làmh, no (*b*) rùn bho, air a' chuid as lugha, dà thrian de na buill a bha'san lathair aig coinneimh de'n Chomhairle Ghnìomhaich, no (*c*) iarrtas na Comhairle Earalaich.

19. Faodar dleasnas coinneimh de'n Chomunn a riaghladh ma bhios deich buill fhichead 's an lathair.

20. Théid uile choinneamhan a' Chomuinn agus na Comhairle Ghnìomhaich a ghairm le litir a chuireadh leis a' phosta gu gach ball deich làithean, air a' chuid as lugha, roimh là na coinneimh.

14. The subscription of Ordinary Members shall be five shillings per annum, and shall be payable in advance on the 1st day of June in each year. The name of any Ordinary Member who is twelve months in arrear with his subscription may be struck off the roll.

MEETINGS.

15. An Annual Meeting of the Association shall be held at the same place as and on the occasion of the Mòd.

16. At meetings of the Association and of the Executive Council, Gaelic shall be the ordinary medium of expression, but it shall be permissible for any member, who prefers to do so, to speak in English. At least one of the Executive Meetings in each year shall be conducted in Gaelic. The Minutes of the Executive Council meetings shall be in Gaelic.

17. At the Annual Meeting there shall be submitted a resumé of the proceedings of the Executive Council during the preceding year and reports of the various Standing Committees; the result of the election for the offices of President and Vice-President and the Executive Council shall be declared, and the Treasurer shall submit a Statement of the Accounts of the Association. These reports and statements shall previously have been approved of at the Extraordinary Meeting of the Executive Council.

18. Special Meetings of the Association shall be called by the Secretary on (*a*) a requisition signed by not less than twenty-five Members of the Association, or (*b*) a resolution passed by not less than two-thirds of the Members present at a meeting of the Executive Council, or (*c*) a resolution of the Advisory Committee.

19. Thirty members shall form a quorum at meetings of the Association.

20. All meetings of the Association and Executive Council shall be called by a circular sent by post to each member not less than ten days before the date of the meeting.

CLO-BHUALAIDHEAN.

21. Cuiridh An Comunn ri a rùintean le leabhran dreuchdach a chur a mach, le leabhraichean, duilleagan, is paipearan a choisinn duaisean aig na Mòdan a chlòbhualadh, mar ri nithean freagarrach eile. Feumaidh, air a' chuid as lugha, dara leth gach nì a théid a chlòbhualadh a bhith an Gàidhlig. Faodaidh gach paipear, litreachas is ceòl, co-chruinneachaidhean fhonn agus òran, agus gach uile phaipear eile airson an tug An Comunn duaisean a bhi air a chlò-bhualadh leis A' Chomunn ann an doigh a bhios goireasach do'n mhòrshluagh.

RIAGHLADH.

22. Bidh gnothaichean a' Chomuinn air an riaghladh le Ceann Suidhe, trì Iar Chinn Suidhe agus Comhairle Ghnìomhaich air am bi (*a*) deich buill fhichead a théid a thaghadh bho bhuill Bheatha agus bhuill Chumanta a' Chomuinn, a bhios 'nan luchd-labhairt Gaidhlig, no ag ionnsachadh Gàidhlig, (*b*) Riochdairean a thaghadh le na Meuran, a tha air iarraidh a bhi 'nan luchd-labhairt Gaidhlig, no ag ionnsachadh Gaidhlig, agus (*c*) Riochdairean bho na Comuinn Dhaimheil, a tha mar an ceudna air iarraidh a bhi 'nan luchd-labhairt Gàidhlig, no ag ionnsachadh Gàidhlig. Bidh an Ceann Suidhe agus na h-Iar Chinn Suidhe 'nam buill (*ex-officio*) de'n Chomhairle Ghniomhaich. Bheir an Ceann Suidhe, an t-Iar Cheann Suidhe as sine an dreuchd agus trian de bhuill thaghte na Comhairle gu crich an dreuchd aig ceann gach bliadhna mar aig ám na Coinneimh Bhliadhnail, ach bidh iad uile ion-roghnaichte air ath thaghadh.

COINNEAMHAN NA COMHAIRLE GHNIOMHAICH.

23. Bidh air a' chuid as lugha, dà choinneimh shuidhichte de'n Chomhairle Ghnìomhaich air an cumail gach bliadhna. Bidh a' cheud aon diubh so, ris an canar "A' Choinneamh Thùs-ghnothaich" air a cumail aig an aon àite agus gun dàil an déidh na Coinneimh Bhliadhnail. Bidh a' Choinneamh eile, ris an canar "A' Choinneamh Shònraichte," air a cumail aig an àm

PUBLICATIONS.

21. The Association shall further its objects by issuing an official magazine, and by publishing books, pamphlets, Mòd prize papers, and other printed matter. At least half of each publication must be in the Gaelic language. All papers, literary and musical, collections of airs and collections of songs, and all other papers awarded prizes by the Association, may, if thought desirable, be published by the Association in a form accessible to the public.

MANAGEMENT.

22. The affairs of the Association shall be managed by a President and three Vice-Presidents and an Executive Council which shall consist of (*a*) thirty members (called "Elected Members") elected from the Life and Ordinary Members of the Association, who shall be Gaelic-speaking or learners of Gaelic, (*b*) the Representatives appointed by Branches, who are recommended to be Gaelic-speaking or learners of Gaelic, and (*c*) Representatives from Affiliated Societies, also recommended to be Gaelic-speaking or learners of Gaelic. The President and Vice-Presidents shall *ex officiis* be members of the Executive Council. The President, the senior Vice-President, and one-third of the Elected Members of the Council shall retire annually, as at the date of the Annual Meeting, but shall be eligible for re-election.

MEETINGS OF THE EXECUTIVE COUNCIL.

23. There shall be at least two meetings of the Executive Council in each year. The first of these, to be called "the Preliminary Meeting," shall be held at the place of, and immediately following the Annual Meeting. The other, to be called "the Extraordinary Meeting," shall be held at such time as the Executive

a shuidhicheas a' Chomhairle Ghnìomhach, a bhios, air a chuid as lugha, dà mhios roimh, no, air a' chuid as fhaide, trì mìosan roimh na Coinneimh Bhliadhnail.

24. Bidh Coinneamhan Gnàthaichte na Comhairle Ghnìomhaich, ach a mhàin a' Choinneamh Thùs-ghnothaich, air an cumail an Sruibhlea.

25. Théid Coinneamhan Araid na Comhairle Ghnìomhaich a ghairm leis an Rùnaire air rùn-suidhichte na Comhairle Ghnìomhaich no Comhairle na h-Earalach no air faotainn iarrtas ris an do chuir deich de bhuill na Comhairle Ghnìomhaich an làmh, ag ainmeachadh an aobhair airson am bheil a' choinneamh ri coinneachadh. Théid na Coinneamhan Araid so a chumail aig na h-amannan a bhios air ainmeachadh anns na rùin-shuidhichte, no ma ghairmear na coinneamhan le iarrtas na Comhairle Earalaich.

26. Faodar dleasnas na Comhairle Ghnìomhaich a riaghladh ma bhios seachd buill 'san lathair.

COMHAIRLEAN SEASMHACH.

27. Taghaidh a' Chomhairle Ghnìomhach, aig a' choinneimh Thùs-ghnothaich, bho bhuill na Comhairle féin seachd Comhairlean Seasmhach airson :—Ionmhas, Fòghlum, Clo-bhualadh, Craobh-sgaoileadh, Gnìomhachas is Ealdhan, Mòd is Ceòl agus Clann an Fhraoich.

28. Bidh an Ceann Suidhe *(ex-officio)* 'na bhall de gach Comhairle Sheasmhach.

29. Faodaidh Comhairlean Seasmhach aon phearsa no barrachd, a ghabhail mar cho-bhall, ach cha bhi guth taghaidh aig ball mar so mur bi e mar an ceudna 'na bhall de'n Chomunn.

30. Théid Fear-Gairme airson gach Comhairle Sheasmhach a thaghadh leis a' Chomhairle Ghnìomhaich.

31. Cumaidh gach Comhairle Sheasmhach Gearr-sheanchas air an gnìomhachas féin, agus feumaidh Gearr-sheanachas gach Comhairle Sheasmhach a bhi air an toirt fa chomhar na Comhairle Ghnìomhaich a chum gabhail riutha.

32. Foghnaidh tri buill aig am bheil guth-taghaidh dleasnas Comhairle Sheasmhach a riaghladh.

Council may determine, being not less than two months nor more than three months prior to the date of the Annual Meeting.

24. Ordinary Meetings of the Executive Council, other than the Preliminary Meeting, shall be held at Stirling.

25. Special Meetings of the Executive Council shall be called by the Secretary upon a resolution of the Executive Council or of the Advisory Committee, or upon receipt of a requisition signed by ten members of the Council, stating the object for which the meeting is required. These Special Meetings shall be held at such times and places as shall be stated in the resolutions, or, when called on requisition, fixed by the Advisory Committee.

26. Seven members shall form a quorum of the Executive Council.

STANDING COMMITTEES.

27. The Executive Council shall at the Preliminary Meeting in each year appoint from among its own members seven Standing Committees, viz. :—Finance, Education, Publication, Propaganda, Art and Industry, Mòd and Music, and Clann an Fhraoich Committee.

28. The President shall be *ex officio* a member of all Standing Committees. Each Committee shall consist of twelve members, in addition to the President.

29. Standing Committees may co-opt any person or persons as members, but co-opted members shall not be entitled to vote unless they are also members of the Association.

30. A Convener of each Standing Committee shall be appointed by the Executive Council.

31. Each Standing Committee shall keep Minutes of its proceedings, and all Minutes of Standing Committees must be submitted for the approval of the Executive Council.

32. Three members entitled to vote shall form a quorum of a Standing Committee.

33. Bidh e 'na dhleasnas air gach Comhairle Sheasmhach (ach a mhàin Comhairle an Ionmhais) aig a' cheud choinneimh an déidh an stéidheachadh gach bliadhna, meas ullachadh air na tha 'nan rùn a chosd agus a chur gu Comhairle an Ionmhais a bheir aithisg air aig a' Choinneimh Ghnìomhaich, agus feumaidh am meas 'na lànachd no mar dh'fhaodas e bhi air atharrachadh a bhi air gabhail ris leis a' Chomhairle Ghnìomhaich mu'n téid an t-suim a mheasadh a chaitheamh.

DLEASNASAN NAN COMHAIRLEAN SEASMHACH.

34. (1) Bidh Comhairle an Ionmhais cunntachail do'n Chomunn airson gach cùis-maoin a bhuineas dha, bidh ceannsal aig a' Chomhairle air uidheamachadh an t-seòmar-ghnothaich, agus buntainn ri ceistean mu dhéidhinn cìsean agus ròla nam ball. Bheir a' Chomhairle aithisg do'n Chomhairle Ghnìomhaich air meas nan Comhairlean eile, agus air gach tionnsgnadh cosdais, co-dhiubh a bhios sin bho Chomhairle no bho bhall de'n Chomunn. Feumaidh gach cunntas do am bheil An Comunn fo fhiachaibh a bhi air a thoirt fa chomhar na Coinneimh agus a bhi air gabhail ris, mu'n téid a phaidheadh.

(2) Dealbhaidh Comhairle an Fhoghluim meadhonan, agus gabhaidh iad seòl, air teagasg na Gàidhlig adhartachadh agus air a h-eachdraidh 'sa litreachas a chur am meud, gu h-àraidh anns na sgoilean. Dealbhaidh i, no rannsachaidh i a mach, facail is dòighean labhairt a cho-fhreagras gu cothromach nòsan is innleachdan nuadha; agus foillsichidh i na mholas i o ám gu ám ann am mìosachan a' Chomuinn, uair 's a' bhliadhna air a' chuid as lugha.

(3) Stiuiridh agus riaghlaidh Comhairle a' Chlòbhualaidh uile fhoillseachaidh clò a bhuineas do'n Chomunn, agus bidh aig a' Chomhairle, an co-bhann ris an Fhear-dheasachaidh, ùghdarras thar leabhran dreuchdach a' Chomuinn.

(4) Ni Comhairle a' Chraobh-sgaoilidh oidheirp air cur ri àireamh bhall a' Chomuinn, Meuran a stéidheachadh; iarraidh a' Chomhairle co-oibreachadh agus dàimh chomunn co-ghnéitheil agus sgaoilidh iad, an

33. It shall be the duty of each Standing Committee (other than the Finance Committee), at the first meeting after its appointment in each year, to prepare an esimate of the expenditure which it proposes to incur and to submit that estimate to the Finance Committee who shall report upon it to the Executive Council, and the estimate must (in its entirety or as may be modified) be approved of by the Executive Council before the proposed expenditure is incurred.

DUTIES OF STANDING COMMITTEES.

34. (1) The Finance Committee shall be responsible for the financial affairs of the Association, shall have control of the office arrangements, and deal with all questions connected with subscriptions and the roll of members. It shall report to the Executive Council upon the estimates of the other Committees, and on all proposals of expenditure, whether submitted by a Committee or by a member of the Association. All accounts incurred by the Association shall, before payment, be submitted for approval to the Committee.

(2) The Education Committee shall devise means and adopt measures to promote the teaching of the Gaelic language and the study of Gaelic history and literature, especially in schools. It shall publish from time to time in the magazine Gaelic equivalents for new words in current English speech, once a year at least.

(3) The Publication Committee shall direct and supervise all the publications of the Association, and shall, in conjunction with the Editor, have control of the offical magazine of the Association.

(4) The Propaganda Committee shall seek to increase the membership of the Association, establish new Branches, secure the co-operation and affiliation of kindred societies, and generally spread a knowledge

coitcheannas, aithne agus eòlas air rùintean a' Chomuinn. Dealbhaidh a' Chomhairle, an co-cheangal ris na Meuran Ionadail, Mòdan Dùthchail agus gabhaidh i ceannsal orra. Coimheadaidh a' Chomhairle, mar an ceudna, thairis air obair Luchd-Teagaisg-Ciuil a dh' fhaodas a bhi air am fasdadh leis a' Chomunn.

(5) Ni Comhairle a' Ghniomhachais is nan Ealdhain cnuasachd is leasachadh air gnìomhachas nàiseanta na Gaidhealtachd agus air ealdhain Ceilteach adhartachadh. Ni a' Chomhairle, trìd co-fharpaisean, foillseachaidhean agus féillean, agus seòl air bith eile a mheasas iad iomchuidh, dìchioll air toradh gnìomhachas Gaidhealach a thaisbeanadh agus malairt fhaotainn air a shon.

(6) Ni Comhairle a' Mhòid is a' Chiuil oidheirp air mith-òrain a chruinneachadh agus air cur ri leas ciuil agus òran Ghaidhlig. Ullaichidh a' Chomhairle clareagair agus dhuaisean a' Mhòid airson riarachadh na Comhairle Ghnìomhaich, agus bidh a' Chomhairle cunntachail do'n Chomhairle Ghnìomhaich airson riaghladh a' Mhòid.

(7) Comhairle Clann an Fhraoich. Bidh Coinneamhan na Comhairle air an riaghladh an Gaidhlig agus is i priomh dhleasnas na Comhairle Comunn na h-Oigridh a dhealbhadh.

A' CHOMHAIRLE EARALACH.

35. Cuiridh an Ceann Suidhe, na h-Iar Chinn Suidhe agus Luchd-Gairme nan Comhairlean Seasmhach Comhairle Earalach air bonn. Is e dleasnas na Comhairle beachdachadh air adhartas na h-obrach agus innleachd riaghlaidh a' Chomuinn a dhealbhachadh. Buinidh a' Chomhairle mar an ceudna ri gnothach sònraichte sam bith a dh' fhaodas éirigh. Cumaidh a' Chomhairle, air a' chuid as lugha, trì coinneamhan gach bliadhna.

TAGHADH NA COMHAIRLE GHNIOMHAICH.

36. Feumaidh ainmean airson dreuchdan Cinn Suidhe, Iar Chinn Suidhe agus bhall taghte Comhairle airson na bliadhna a leanas, a bhi air an nochdadh air a' chuid as fhaide aig Coinneimh Shònraichte na Comhairle Ghnìomhaich. Théid na h-ainmean sin a

of the objects of the Association. The Committee shall organise, in conjunction with Local Branches, Provincial Mòds and control them, and shall also supervise the work of any Music Teachers who may be appointed by the Association.

(5) The Art and Industry Committee shall promote the study and cultivation of native Highland Industries and Celtic Art. It shall, by competitions, exhibitions and sales, and any other means which it may consider advisable, endeavour to encourage the production of, and to find markets for native Highland products.

(6) The Mod and Music Committee shall endeavour to collect folk-songs and promote the cultivation of Gaelic music and song. It shall prepare the syllabus and prize-list of the Mòd for the approval of the Executive Council, and shall be responsible to the Executive Council for the conduct of the Mòd.

(7) Clann an Fhraoich Committee.—The meetings of the Committee shall be held in Gaelic, and its chief duty shall be to organise Comunn na h-Oigridh.

ADVISORY COMMITTEE.

35. The President and Vice-Presidents and the Conveners of the Standing Committees shall form an Advisory Committee. It shall be the business of this Committee to consider the progress of the work and to formulate the general policy of An Comunn. It shall also deal with matters of emergency. The Committee shall hold not less than three meetings per year.

ELECTION OF EXECUTIVE COUNCIL.

36. Nominations for the offices of President, Vice-President and Elected Member of Council for the ensuing year shall be made not later than at the Extraordinary Meeting of the Executive Council. Such

chur an sgriobhadh agus an toirt do'n Rùnaire roimh, no, aig a' Choinneimh.

37. Còig làithean deug, air a' chuid as lugha, roimh ám na Coinneimh Shònraichte bheir an Rùnaire sanas do bhuill a' Chomuinn gu'm feum ainmean an làmh-sgriobhainn airson nan dreuchdan sin a bhi 'na làmhan-san roimh, no aig a' choinneimh.

38. Gun dàil an déidh na Coinneimh Shònraichte sgrìobhaidh an Rùnaire gu gach neach a chaidh ainmeachadh, ag innseadh dhasan, no dhithse, gu'n deach an ainmeachadh, agus a' faighneachd a bheil esan, no ise, deònach an dreuchd a ghabhail ma theid an taghadh.

39. Ma's éiginn taghadh a bhi ann cuiridh an Rùnaire, air a' chuid as lugha, coig seachdainnean roimh an ám a shònraicheadh airson na Coinneimh Bhliadhnail, leis a' phosta gu gach ball de'n Chomunn, paipear taghaidh air am bi ainm gach ball a chaidh ainmeachadh airson dreuchd, a' fagail as an fheadhainn sin a tharruing air ais an ainmean.

40. Feumaidh na paipearan taghaidh a bhi an làmhan an Rùnaire, air a' chuid as lugha, ceithir latha deug roimh an ám a shònraicheadh airson na Coinneimh Bhliadhnail, air neo chan urrainnear gabhail riutha.

41. Theid na paipearan taghaidh a chunntas roimh ám na Coinneimh Bhliadhnail leis an Rùnaire agus leis an Ionmhasair. Theid buil an taghaidh innseadh aig a' Choinneimh Bhliadhnail.

42. Gleidhidh an Rùnaire na paipearan taghaidh fad bliadhna an deidh na Coinneimh Bhliadhnail, agus an deidh sin faodaidh e an cur as an rathad.

43. Bidh ùghdarras aig a' Chomhairle Ghnìomhaich beàrnan a dh'fhaodas tachairt 'nan aireamh féin, no an dreuchdan Cinn Suidhe no an Iar Chinn Suidhe, a lìonadh agus seasaidh na h-òrduchaidhean sin gus a' Choinneamh Bhliadhnail a leanas.

LUCHD-DREUCHD.

44. Suidhichidh a' Chomhairle Ghnìomhach air Rùnaire agus air Ionmhasair do'n Chomunn, agus air Fear-deasachaidh Leabhran a' Chomuinn agus a mheud

nominations must be made in writing and lodged with the Secretary at or prior to the meeting.

37. Fifteen days at least prior to the date of the Extraordinary Meeting the Secretary shall notify the Members of the Association that written nominations for the said offices must be lodged with him at or prior to the meeting.

38. Immediately after the Extraordinary Meeting, the Secretary shall write to each person nominated, informing him or her of the nomination, and enquiring whether he or she is prepared to accept office if elected.

39. If an election be rendered necessary, the Secretary shall, not less than five weeks before the date fixed for the Annual Meeting, transmit by post to each member of the Association a voting paper containing the list of those members nominated for office, omitting the names of any who may have previously intimated their withdrawal.

40. The Voting Papers must be lodged with the Secretary not less than fourteen days before the date fixed for the Annual Meeting, otherwise they shall be invalid.

41. The votes shall, previous to the date of the Annual Meeting, be counted by the Secretary and Treasurer, and the result of the vote shall be intimated to the Annual Meeting.

42. The voting papers shall be preserved by the Secretary for one year after the date of the Annual Meeting, after which they may be destroyed.

43. The Executive Council shall have power to fill any vacancies, which may occur between Annual Meetings, in their own number or in the offices of President or Vice-President, and such appointments shall continue in force until the ensuing Annual Meeting.

OFFICIALS.

44. The Executive Council shall appoint a Secretary and a Treasurer of the Association, and an Editor of the Association's Magazine, and such further staff as

de luchd-cuideachaidh 'sa bhios feumail. Gleidhidh an luchd-dreuchd an àitean air na cùmhnantan agus ré na h-ùine a dh'fhaodas a' Chomhairle Ghnìomhach a shonrachadh bho ám gu ám. Feumaidh an Rùnaire agus am Fear-deasachaidh a bhi comasach air Gàidhlig a labhairt, a leughadh agus a sgrìobhadh. Cha chumar dreuchdan Rùnaire agus Ionmhasair leis an aon duine.

RUNAIRE.

45. Is iad dleasnasan an Rùnaire—
   (*a*) Uile choinneamhan a' Chomuinn, na Comhairle Ghnìomhaich agus nan Comhairlean Seasmhach, no Comhairle eile, a ghairm, agus gearr-sheanachasan a chumail air gnothaichean nan coinneamhan sin.
   (*b*) Ròla bhall a' Chomuinn a chumail.
   (*c*) Cùram a ghabhail air dearbhaidhean-sgrìobhte, agus gach nì a bhuineas do'n Chomunn agus cunntas a chumail orra.
   (*d*) Toirt thairis do Fhear-deasachaidh an Leabhrain Dhreuchdaich iomraidhean air coinneamhan a' Chomuinn agus na Comhairle Ghnìomhaich, agus iomraidhean air bith eile a bhuineas do'n Chomunn, a Chomhairlean, Meuran no Comuinn Dhaimheil a dh'fhaodas a bhi freagarrach airson clò-bhualaidh.
   (*e*) Obair craobh-sgaoilidh is brosnachaidh a ghiulan a mach mar a dh'iarras a' Chomhairle Ghnìomhaich.
   (*f*) Gach dleasnas eile a shònraicheas a' Choinneamh Ghnìomhaich dha a dheanamh agus an coithcheannas obair a' Chomuinn a stiuradh.

IONMHASAIR.

46. Dleasnasan an Ionmhasair—
   (*a*) Cunntasan a' Chomuinn a chumail.
   (*b*) Cìsean nam ball, nam Meuran is nan Comuinn Dhaimheil a chruinneachadh.
   (*c*) Coinneamhan na Comhairle Ghniomhaich agus Comhairle an Ionmhais a fhrithealadh.

may be necessary. These officials shall hold office upon such terms and for such periods as the Executive Council may from time to time determine. The Secretary and the Editor must be able to speak, read, and write Gaelic. The offices of Secretary and Treasurer shall not be held by the same person.

SECRETARY.

45. The duties of the Secretary shall be—
   (*a*) To convene and attend all meetings of the Association, Executive Council, and Standing and other Committees, and keep Minutes of the proceedings at these meetings.
   (*b*) To keep the Roll of the Members of the Association.
   (*c*) To take custody of the documents and other property of the Association and keep an inventory thereof.
   (*d*) To supply the Editor of the Official Magazine with minutes of the meetings of the Association and of the Executive Council, and of any other proceedings of the Association, or its committees, branches or affiliated societies, suitable for publication.
   (*e*) To carry out such organising and propaganda work as may be decided upon by the Executive Council.
   (*f*) To do such other work as may be assigned to him by the Executive Council, and generally to conduct the business of the Association.

TREASURER.

46. The duties of the Treasurer shall be—
   (*a*) To keep the accounts of the Association.
   (*b*) To collect the subscriptions of Members, Branches and Affiliated Societies.
   (*c*) To attend the meetings of the Executive Council and of the Finance Committee.

(*d*) Ràdh a thoirt air cunntasan a' Chomuinn do Choinneimh Shònraichte na Comhairle Ghnìomhaich agus 'na dhéidh sin an ràdh agus na cunntasan fhaighinn air an sgrùdadh agus an ràdh sin a thoirt fa chomhar na Coinneimh Bhliadhnail a leanas.

FEAR-DEASACHAIDH.

47. Dleasnasan an Fhir-dheasachaidh—

(*a*) Aithisgean air coinneamhan agus obair a' Chomuinn agus na Comhairle Ghnìomhaich, nan Comhairlean, nam Meuran agus nan Comuinn Dhaimheil a chur an leabhran dreuchdail a' Chomuinn.

(*b*) Tabhartais-litreachais airson an leabhrain dhreuchdail a sholar.

(*c*) An leabhran dreuchdail a riaghladh air a leithid de dhoigh 'sa ni e 'na bhall brosnachaidh feumail do'n Chomunn.

AM MOD.

48. Theid am Mòd a chumail gach bliadhna aig a leithid a dh'aite is a shonraicheadh, dà bhliadhna roimh an ám, aig gach Coinneimh Bhliadhnail. Mur bi, airson aobhar sam bith, an t-àite sin air a shocrachadh aig a' Choinneimh Bhliadhnail faodaidh a' chùis a bhi air a chur gu ruig na Comhairle Ghnìomhaich a chum a shuidheachadh tràth, an t-ám ri bhi air a shocrachadh bliadhna roimh an ám.

LUCHD-SGRUDAIDH.

49. Bidh sgrùdair, no sgrùdairean, air a thaghadh gach bliadhna aig a' Choinneimh Bhliadhnail, agus socrachaidh a' Choinneamh sin na théid a phaidheadh dhàsan, no dhoibhsan.

IONMHASAN.

50. Theid ionmhasan a' Chomuinn a thasgadh 'na ainm an tigh-réidhe mar a shònraicheas a' Chomhairle Ghnìomhach. Sònraichidh a' Chomhairle Ghnìomhach co iad a dh'fheumas an ainm a chur ri barantasan, no

(*d*) To submit a statement of the accounts to the Extraordinary Meeting of the Executive Council, and thereafter to have the statement and accounts audited, and to submit the statement to the ensuing Annual Meeting.

EDITOR.

47. The duties of the Editor shall be—

(*a*) To insert in the official magazine of the Association reports of the meetings and work of the Association and of the Executive Council, Committees, Branches, and Affiliated Societies.

(*b*) To procure literary contributions for the official magazine.

(*c*) To conduct the official magazine in such a manner as to make it a useful propagandist organ of the Association.

THE MOD.

48. The Mòd shall be held every year at such place as may be determined two years in advance at each Annual Meeting. If for any reason such place is not determined at the Annual Meeting the question may be remitted to the Executive Council for early determination, the date to be fixed one year in advance.

AUDITORS,

49. An Auditor or Auditors shall be appointed by the Association at the Annual Meeting, which shall also fix his or their remuneration.

FUNDS.

50. The Funds shall be lodged in name of the Association, in such bank as the Executive Council shall determine. The Executive Council shall determine what signatures shall be necessary for cheques or orders with-

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

orduighean, a tharruing airgid as an tigh-réidh, no a chur ri barantasan, no òrduighean.

51. Bidh tasgaidhean a nithear leis a' Chomunn an ainm na muinntir sin a shònraicheas a' Chomhairle Ghnìomhach gu bhi 'nan luchd-urrais air a' Chomunn. Théid ionmhasan Urras na Féille a roinn leis a' Chomunn a réir cùmhnantan Teist Urras an Féille. Bidh tìodhlacan, dìleaban, no sùimean eile a dh'fhaodas a bhi air an deanamh, no air am pàidheadh do'n Chomunn, a réir nan cumhnantan no nam bacaidhean a thaobh an toirt seachad, no mar chuirear gu feum iad. Ma tha na cùmhnantan no na bacaidhean air an gabhail riutha leis a' Chomhairle Ghnìomhaich, bithidh iad air an roinn a réir nan cumhnantan sin.

FRITH-LAGHANNAN.

52. Faodaidh a' Chomhairle Ghnìomhach Frith-laghannan a dheanamh a chum gnothaichean a' Chomuinn a stiuireadh, agus airson gach gnothach a riaghladh nach 'eil air an ainmeachadh gu sònraichte anns a' Bhonn-Stéidh so.

ATHARRACHADH A' BHUINN-STEIDH.

53. Chan fhaod am Bonn-Stéidh so a bhi air atharrachadh no air ath-leasachadh, ach a mhain aig Coinneimh Bhliadhnail a' Chomuinn, le rian-suidhichte, air a chuid as lugha, trian de na buill a tha 's an lathair. Feumaidh an Rùn airson atharrachadh no ath-leasachadh a bhi air a chur sìos roimh Choinneimh Shònraichte na Comhairle Ghnìomhaich no air a thoirt an sgrìobhadh do'n Rùnaire roimh 'n Choinneimh. Feumaidh a leithid de atharrachadh no ath-leasachadh a bhi air innseadh agus air a chur anns a' chuairt-litir a tha ag gairm na Coinneimh Bhliadhnail aig a bheil e ri leigeil.

drawing sums from the bank, or the endorsation of cheques or orders.

51. Any investments made by the Association shall be in the name of such persons as the Executive Council may appoint as Trustees. The funds of the Feill Trust shall be disbursed by the Association in conformity with the provisions of the Feill Trust Deed. Any donations, legacies, or other sums which may be made or paid to the Association, subject to conditions or restrictions as to the disposal or application thereof, shall, if such conditions or restrictions are approved of by the Executive Council, be held and applied in conformity therewith.

BYE-LAWS.

52. The Executive Council may make Bye-laws for the conduct of the business of the Association, and for the regulation of all matters which are not specifically provided for in this Constitution.

ALTERATION OF CONSTITUTION.

53. This Constitution may be altered or amended only at an Annual Meeting of the Association, by the resolution of not less than two-thirds of the members present. The proposed alteration or amendment must be tabled at the preceding Extraordinary Meeting of the Executive Council, or intimated in writing to the Secretary prior to that Meeting. Such proposed alteration or amendment shall be intimated and set forth in the circular calling the Annual Meeting at which it is to be submitted.

FRITH-LAGHANNAN

Bye-Laws

AN COMUNN GAIDHEALACH

Air a shuidheachadh 1891.

FRITH-LAGHANNAN.

1. Théid ainmeachadh airson bhall ùra a dheanamh air paipear a gheibhear bho 'n Rùnaire.

2. Cha téid ainm neach a chur air ròla nam ball gus an téid a chìs a phàidheadh.

3. Cha bhi ball a tha sè mìosan air dheireadh le a chìs air a mheas airidh airson dreuchd.

4. Théid leabhran-dreuchdail a' Chomuinn a chur saor leis a' phosta gu gach ball a nasgaidh.

COINNEAMHAN.

Gairm Choinneamhan.

5. Faodar an litir - chuairt a tha ag gairm coinneamhan a' Chomuinn agus sanasan eile do bhuill a' Chomuinn, cho fad is a tha Frith-lagh 4 a' seasamh, a chur leis an leabhran-dhreuchd, no mar chuid de 'n leabhran, agus a chur leis a' phosta fo 'n aon chuairsgean ris an leabhran.

Fear-cathrach Choinneamhan.

6. Gabhaidh an Ceann Suidhe, no mur 'eil esan 's an lathair, an t-Iar Cheann Suidhe as sine an dreuchd a tha 's an lathair, a' chathair aig coinneamhan a' Chomuinn agus na Comhairle Ghnìomhaich. Mur bi an Ceann Suidhe no Iar Chinn Suidhe 's an lathair taghaidh a' Choinneamh am Fear Cathrach.

Rian a' Ghnothaich.

7. Aig Coinneimh Bhliadhnail a' Chomuinn théid gnothach a riaghladh mar a leanas :—

(*a*) Gabhail ri Gearr-sheanachas na Coinneimh Bhliadhnail roimhe.
(*b*) Innseadh mu bhuil taghadh an luchd-dreuchd.
(*c*) Beachdachadh air aithisgean is cunntasan.
(*d*) Aite agus ám cumail a' Mhòid.
(*e*) Atharrachadh (ma tha sanas air) air a' Bhonn-Stéidh.
(*f*) Gnothach dligheach sam bith eile.

8. Aig coinneamhan na Comhairle Ghnìomhaich théid an gnothach a riaghladh mar a leanas :—

(*a*) Gabhail ri Gearr-sheanachas na Coinneimh roimhe, Cumanta no Suidhichte, no Coinneamh Araid sam bith a chumadh 'na deidh.

AN COMUNN GAIDHEALACH

Instituted 1891.

MEMBERS.

1. Nominations for membership shall be made upon a form to be obtained from the Secretary.

2. No person nominated shall be entered on the roll of members until his or her subscription has been paid.

3. Any member six months in arrear with his or her subscription shall be ineligible for office.

4. The official magazine of the Association shall be sent to all members post free and without payment.

MEETINGS.

Calling of Meetings.

5. The circular calling meetings of the Association and other notices to members of the Association may, so long as Bye-law 4 subsists, be inserted or embodied in the official magazine, and posted to members under the same cover as the magazine.

Chairman of Meetings.

6. The President, and in his absence, the Senior Vice-President who is present, shall take the Chair at meetings of the Association and Executive Council. In the absence of the President and Vice-Presidents, the meeting shall elect its own Chairman.

Order of Business.

7. At the Annual Meeting of the Association, the business shall be transacted in the following order, viz. :—

(*a*) Approval of Minute of previous Annual Meeting.
(*b*) Intimation of result of election of office-bearers.
(*c*) Consideration of reports and accounts.
(*d*) Place and date of Mòd.
(*e*) Alterations (if any) in the Constitution.
(*f*) Any other competent business.

8. At meetings of the Executive Council the order of business shall be :—

(*a*) Approval of Minute of preceding Ordinary or Stated Meeting, and of any Special Meeting subsequently held.

(*b*) Taghadh Chomhairlean Seasmhach (ma's i a' Choinneamh Thùs-ghnothaich a tha ann).
(*c*) Aithisgean nan Comhairlean Seasmhach a réir òrduigh Riaghailt 27 de'n Bhonn-Stéidh.
(*d*) Aithris air cunntasan an Ionmhasair (ma's i a' choinneamh a' Choinneamh Shònraichte).
(*e*) Rùintean a chur an dara taobh.
(*f*) Ainmean airson dreuchdan Cinn Suidhe, Iar Chinn Suidhe, buill taghte dhe'n Chomhairle Ghnìomhaich agus luchd-sgrùdaidh (ma's i a' choinneamh a' Choinneamh Shònraichte).
(*g*) Sanasan air atharrachadh a' Bhuinn-Stéidh ma tha sin 's an rùn (ma 's i a' choinneamh a' Choinneamh Shònraichte).
(*h*) Sanasan air Rùintean.
(*i*) Gnothach dligheach sam bith eile.

9. Faodar an rian-gnothaich atharrachadh aig coinneimh sam bith le cead na cuid as motha de na buill a tha 's an làthair.

Rian-stiuraidh aig Coinneamhan.

10. Feumar sanas a thoirt do 'n Rùnaire an sgrìobhadh aig a' choinneimh (no roimhe sin), roimh an Choinneamh Ghnìomhaich aig am bheil Rùn ri beachdachadh air, a mhàin rùintean a dh'éireas as a' Ghearr-sheanachas no á Iomraidhean nan Comhairlean. Feumaidh iarrtasan an Rùin a bhi air innseadh 's an t-sanas a tha ag gairm na Coinneimh aig am bi an Rùn air a bhreithneachadh.

11. Chan fhaod ball labhairt ris an Rùn cheudna, no ath-leasachadh Rùin, ach a mhàin mar mhìneachadh, no le cead Fhir na Cathrach.

12. Cha ghabh Rùn-suidhichte ris an do ghabh coinneamh sam bith de 'n Chomhairle Ghnìomhaich a bhi air a chur air chùl le coinneimh a leanas an taobh a stigh de shé miosan, ach a mhàin le toil nam ball gu léir a tha 's an làthair aig a' choinneimh sin a leanas.

13. Gabhar ri taghadh le togail làmh, no, ma shonraicheas a' choinneamh, le croinn-phaipearan.

14. Cha ghabh gnothach sam bith ach na dh' ainmicheadh shuas a bhi air a riaghladh aig coinneimh sam bith mur 'eil lìon-chomhairle 's an lathair mu 'n teid a' choinneamh an ceann gnothaich.

(*b*) Election of Standing Committees (if the meeting is the Preliminary Meeting).
(*c*) Reports by Standing Committees in the order stated in Rule 27 of the Constitution.
(*d*) Statement of Treasurer's Accounts (if the meeting is the Extraordinary Meeting).
(*e*) Disposal of motions.
(*f*) Nominations for the offices of President, Vice-President, Elected Member of the Executive Council, and Auditors (if the Meeting is the Extraordinary Meeting).
(*g*) Notices of proposed alterations of constitution, if any (if the meeting is the Extraordinary Meeting).
(*h*) Notices of motion.
(*i*) Any other competent business.

9. At any meeting the order of business may be varied with consent of the majority of members present.

Procedure at Meetings.

10. Any motion for consideration by the Executive Council, other than a motion arising out of the Minutes or a report of a Committee, must be intimated in writing to the Secretary at or prior to a meeting preceding that at which it is to be made. The terms of the motion must be intimated in the notice calling the meeting at which it is to be made.

11. No member may speak more than once to the same motion or amendment, except in explanation or with permission of the Chair.

12. A resolution adopted by any meeting of the Executive Council may not be rescinded by a subsequent meeting within six months, except with the unanimous approval of the members present at such subsequent meeting.

13. A vote shall be taken by a show of hands, or, if the meeting so decides, by means of ballot papers.

14. No business, save as aftermentioned, shall be transacted at any meeting unless a quorum is present at the time when the meeting proceeds to business.

15. Mur 'eil an ceann leth-uair an deidh na h-uarach a shonraicheadh airson na coinneimh lion-chomhairle 's an làthair, bidh a' choinneamh

(*a*) ma's Coinneamh Araid, air a cur fa sgaoil :

(*b*) ma's i Coinneamh Bhliadhnail a' Chomuinn, no Coinneamh Shònraichte na Comhairle Ghnìomhaich, thèid a cur dheth gu co-ainm an là air an t-seachdain a leanas, aig an aon àm agus anns an aon àite ; agus mur bi aig a' choinneimh lìon-chomhairle 's an làthair aig ceann leth-uair bho'n ám a shonraicheadh airson na coinneimh faodaidh na buill a tha 's an làthair gnothaichean na Coinneimh a riaghladh.

(*c*) ma's e coinneamh de'n Chomhairle Ghnìomhaich, a mhàin a' Choinneamh Shònraichte, no Coinneamh Araid, faodar gabhail ri Rùintean airson na h-ath choinneimh agus ám na h-ath choinneimh a shuidheachadh, agus 'na dhéidh sin sgaoileadh.

16. Ma dh' fheumar coinneamh a chur air ais, airson aobhar sam bith eile ach nach 'eil lion-chomhairle 's an làthair cumar a' choinneamh dhàileach anns an dearbh àite ris a' cheud choinneimh, agus theid a cumail anns an aon àite agus aig an ám a shònraicheas a' cheud choinneamh.

17. An ceann trì laithean an déidh gach coinneimh de'n Chomunn, de'n Chomhairle Ghnìomhaich no de Chomhairle Sheasmhach sgrìobhaidh an Rùnaire Gearr-sheanachas na coinneimh agus cuiridh e fa chomhar Fhear-cathrach na coinneimh e airson a dhearbhadh agus an déidh dhàsan gabhail ris thèid a sgrìobhadh ann an leabhar iomchuidh a' Ghearr-sheanachais.

COMHAIRLEAN.

18. Rùn-suidhichte a tha air a chur an Gearr-sheanachas ris an cuir uile bhall Comhairle sam bith an ainm, bidh an dearbh chumhachd aige ri rùn-suidhichte ris an do ghabhadh gu diongmhalta aig coinneimh de'n Chomhairle sin.

19. Faodaidh Comhairle Sheasmhach sam bith aon de buill féin a thaghadh gu bhi 'na rùnaire aice, a ni, airson na Comhairle sin, gach uile dhleasnas a ghiùlan a mach a bhiodh mar fhiachaibh air Rùnaire a' Chomuinn.

COSDAS SIUBHAIL.

20. Chan fhaigh ball de'n Chomhairle Ghnìomhaich

15. If within half-an-hour from the time appointed for the meeting a quorum is not present, the meeting

(*a*) if a Special Meeting, shall be dissolved;

(*b*) if the Annual Meeting of the Association or the Extraordinary Meeting of the Executive Council, shall stand adjourned to the same day in the next week, at the same time and place, and if, at the adjourned meeting, a quorum is not present within half-an-hour from the time appointed for the meeting, the members present shall form a quorum.

(*c*) if a meeting of the Executive Council other than the Extraordinary Meeting or a Special Meeting, may transact the business of receiving notices of motion and fixing the date of the next meeting and shall thereafter be dissolved.

16. In the event of a meeting being adjourned from any cause other than the want of a quorum, the adjourned meeting shall be held at the same place as the original meeting, and at such time as the original meeting may determine.

17. Within three days after each meeting of the Association, the Executive Council, or a Standing Committee, the Secretary shall draft a minute of it, and submit it for approval to the Chairman of the meeting; and after such approval the Minute shall forthwith be engrossed in the appropriate Minute Book.

COMMITTEES.

18. A resolution embodied in a minute signed by all the members of any Committee, shall have the same force and effect as a resolution validly passed at a meeting of such Committee.

19. Any Standing Committee may appoint one of its own number to be its Secretary, who shall, *quoad* such Standing Committee, perform all such duties as would otherwise be incumbent on the Secretary of the Association.

TRAVELLING EXPENSES.

20. No member of the Executive Council shall

pàidheadh sam bith bho'n Chomunn airson cosdas-siubhail gu coinneamhan na Comhairle no nan Comhairlean Seasmhach, ach a mhàin Fir-ghairme nan Comhairlean Seasmhach, ma shònraicheas a' Chomhairle Ghnìomhach, a gheibh an cosdas a fhrithealadh aig coinneimh de'n Comhairlean féin.

21. Faodaidh buill cho - oibreach Chomhairlean Seasmhach, nach 'eil 'nam buill de'n Chomhairle Ghnìomhaich, ma shònraicheas a' Chomhairle sin, paidheadh fhaotainn airson an cosdas-siubhail gu coinneamhan nan Comhairlean.

22. An uair a tha riochdair, buidheann riochdail no Comhairle Shònraichte air an cur air leth airson gnothach àraid faodaidh an riochdair, no buill na buidhne riochdail, no buill na Comhairle Sònraichte, pàidheadh fhaotainn airson an cosdas-siubhail, ma shònraicheas a' Chomhairle Ghnìomhach, ann a bhi ag giùlan a mach na h-obrach.

23. Bidh cosdasan Cinn Suidhe a' Chomuinn aig a' Mhòd Nàiseanta air a chur ri cosdasan a' Mhòid.

ORDUGH NA COMHAIRLE GHNIOMHAICH.

24. Theid Buill Thaghte na Comhairle Ghnìomhaich a chur sios air an ròla anns an ordugh a tha a réir nan àireamh chomharran a fhuair iad. Far am faigh dà bhall an aon àireamh de chomharran théid an cur sios a réir òrdugh na h-aibideil. Is iad na Buill Thaghte a tharruingeas air ais gach bliadhna (1) na deich buill a tha aig ìochdar an ròla, agus (2) iadsan, ma tha iad ann, a chuir a' Chomhairle an dreuchd an àite na feadhnach a thuit a mach. Tha an deichnear a fhuair na comharran as àirde 's an taghadh air am meas gu bhi air an taghadh an àite na feadhnach a tharruing air ais 's an doigh ghnathaichte, agus théid iadsan a chur air ceann an ròla 's an dòigh a dh' ainmichear cheana. Buill air bith eile a théid a thaghadh measar iad air an taghadh a chum beàrnan a lìonadh, agus dhiubhsan taghar iadsan a fhuair na comharran as airde airson na h-ùine as fhaide tha ri ruith, agus théid na buill sin a chur 's an ròla anns an àite 's an robh iadsan a chaidh rompa.

AM MOD.

Rian-stiuraidh.

25. Bidh Clar-eagair a' Mhòid air a chur a mach

receive any payment from the Association for travelling expenses to any meetings of the Council or Standing Committees, except the Conveners of the Standing Committees, who may, if the Council so decide, receive payment of their travelling expenses to meetings of their Committees.

21. Co-opted members of Standing Committees, who are not members of the Council, may, if the Council so decide, receive payment of their travelling expenses to meetings of these Committees.

22. When a delegate, deputation, or special committee is appointed for a special purpose, the delegate or the members of the deputation or committee may, if the Council so decide, receive payment of the travelling expenses incurred by them in performance of the work.

23. The expenses of the President of An Comunn at the National Mòd shall be a charge on the Mòd expenses.

ROTATION OF EXECUTIVE COUNCIL.

24. The Elected Members of the Executive Council shall be enrolled in the order corresponding to the number of votes received by each. In the case of persons receiving an equal number of votes, the order shall be alphabetical. The Elected Members to retire in each year shall be (1) the ten members at the foot of the roll, and (2) those, if any, who may have been appointed by the Council to fill a casual vacancy. The ten persons receiving the highest number of votes at any election shall be deemed to have been elected in place of those retiring in ordinary course, and shall be placed at the top of the roll of the Council in the order before mentioned. Any other members elected shall be deemed to have been elected to fill casual vacancies, and of such other members those receiving the highest number of votes shall be appointed to the vacancies having the longest unexpired period to run, and such other members shall be entered in the roll at the same place as their respective predecessors.

THE MOD.

Procedure.

25. The Syllabus of the Mod shall be issued in

an Gàidhlig is am Beurla agus théid a chlò-bhualadh aig ám a' Mhòid roimh laimh sin.

26. Théid Clàr-innsidh a' Mhòid, mar an ceudna, a chur a mach an Gàidhlig is am Beurla, ach faodaidh ainmean nan co-fharpuiseach a bhi am Beurla a mhàin. Théid an Clàr-innsidh a chlò-bhualadh cho tràth agus is comasach e roimh ám a' Mhòid.

27. Theid gnothaichean a' Mhòid a ghiùlan air aghaidh cho fad agus is comasach e ann an Gàidhlig.

28. Bidh brigh-chuspair nan co-fharpaisean litreachais agus aithris anns a' Ghàidhlig, no eadar-theangachadh gu Gàidhlig.

29. Aig seirbhis fhosglaidh gach Mòid liubhraidh Ceann Suidhe a' Chomuinn òraid Ghàidhlig. Mur comasach dhasan a bhi 's an làthair ainmichidh a' Chomhairle Ghnìomhach neach a ghabhas a' chathair agus a bheir seachad òraid Ghaidhlig. Mur 'eil an neach a ghabhas a' chathair comasach air òraid Ghàidhlig a thoirt seachad ainmichidh a' Chomhairle Ghnìomhach neach eile gu sin a dheanamh.

Comhairle Ionadail.

30. Roimh là mu dheireadh na Dùdhlachd gach bliadhna gabhaidh Comhairle a' Mhòid is a' Chiuil seòl air Comhairle Ionadail a chur air bonn anns an àite a shuidhicheadh airson an ath Mhòid. Ma tha Meur de'n Chomunn anns an àite sin is i Comhairle Ghnìomhach a' Mheoir sin eitean Comhairle Ionadail a' Mhòid.

31. Taghaidh gach Comhairle Ionadail Fear Gairme, agus ma's fheudar e, Cléireach Ionadail agus Ionmhasar Ionadail ach feumaidh an luchd-dreuchd sin a bhi air gabhail riutha leis a' Chomhairle Ghnìomhaich mu'm bi iad air am meas seasmhach.

32. Théid an tuarasdal, ma bhios a leithid air a thoirt seachad, a tha ri a phaidheadh do'n Chléireach Ionadail a shocrachadh leis a' Chomhairle Ghnìomhaich.

33. Taghaidh Comhairle a' Mhòid is a' Chiuil gach bliadhna dithis d'a buill féin a chum a riochdachadh air Comhairle Ionadail a' Mhòid. Bidh Rùnaire a' Chomuinn Ghaidhealaich 'na bhall (*ex-officio*) air Comhairle Ionadail a' Mhòid.

34. Is iad dleasnasan na Comhairle Ionadail :—

(1) am Mod fhoillseachadh le sanasan 'nan cearna féin agus tìodhlacan a sholar fa chomhar nan duaisean agus cosdas a' Mhòid.

Gaelic and English, and shall be published at the time of the preceding Mod.

26. The programme of the Mod shall also be issued in Gaelic and English with the exception of the names of the competitors, which may be in English only, and shall be published as early as possible before the date of the Mod.

27. The Mod proceedings shall, as far as reasonably possible, be conducted in Gaelic.

28. The subject matter of literary and oral competitions shall be in the Gaelic language or translations into the Gaelic language.

29. At the opening ceremony of every Mod the President of the Association, whom failing, a person appointed by the Executive Council, shall preside, and shall deliver a Gaelic address. If the person who presides is unable to give a Gaelic address, the Executive Council shall appoint some other person to do so.

Local Committee.

30. Prior to 31st December in each year, the Mod and Music Committee shall take steps to form a Mod Local Committee at the place fixed for the ensuing Mod. If a Branch of the Association exists in the place, the Executive Committee of the Branch shall be the nucleus of the Mod Local Committee.

31. Each Mod Local Committee shall appoint a Convener, and, if necessary, a Local Secretary and a Local Treasurer; but those appointments must be confirmed by the Executive Council before they shall be valid.

32. The remuneration, if any, to be paid to the Local Secretary shall be determined by the Executive Council.

33. The Mod and Music Committee shall every year elect two of its members to represent it on the Mod Local Committee. The Secretary of the Association shall *ex officio* be a member of the Mod Local Committee.

34. The duties of the Local Committee shall be :—

(1) to advertise the Mod locally and to procure local donations to the prize fund and expenses of the Mod.

(2) tallachan freagarrach a sholar airson a' Mhòid agus nan Cuirmean-ciuil.

(3) ullachadh a dheanamh comhla ri luchd-riochdachaidh Comhairle a' Mhoid is a' Chiuil agus ris an Ard Rùnaire airson rogha stiubhardachd agus giulan a mach cho-fharpuisean a' Mhòid agus nan cuirmean-ciuil.

(4) Luchd-Cathrach a thaghadh airson Cuirm Chiuil na Cloinne agus nan Cuirmean Ciuil Móra gu riarachadh Comhairle Mhòid is a' Chiuil.

(5) ullachadh a dheanamh airson ailean-cuirme a' Mhòid a bhi air an reic gu h-ionadail agus cunntas a thoirt do Ionmhasair a' Chomuinn air a shon sin.

(6) iad a dheanamh obair sam bith eile a dh'iarras Comhairle a' Mhòid is a' Chiuil orra a dheanamh, agus an coitcheannas iad a chuideachadh ullachadh airson a' Mhòid a ghiulan a mach.

35. Cuiridh an Ard Rùnaire agus an Cléireach Ionadail a mach gach bliadhna co-thagradh ag iarraidh tìodhlacan airson Ionmhais a' Mhòid.

36. Suidhichidh Ionmhasair a' Chomuinn an riancunntas a tha ri bhi air a chleachdadh leis an Ionmhasair Ionadail agus a dh'fheumas esan a ghiulan a mach.

37. Feumaidh gach cunntas os cionn trì puinnd Shasunnach (£3) an luach a dhìolas a' Chomhairle Ionadail a bhi air a theisteadh leis a' Chomhairle agus air a chur gu Ionmhasair a' Chomuinn airson pàidheidh. Faodaidh cunntasan nach 'eil os cionn tri puinnd Shasunnach (£3) an luach a bhi, an deidh an teisteadh leis a' Chomhairle, air am paidheadh leis an Ionmhasair Ionadail.

38. Théid cuiridhean airson seirbhis fhosglaidh a' Mhòid, agus uile shaor-ailean airson a' Mhòid, cuirmeanciuil no cruinneachadh eile co-cheangailte ris a' Mhòd, a chur a mach le Rùnaire a' Chomuinn a mhàin, agus cha téid iad gu neach sam bith ach mar a shònraicheas Comhairle Mhòid is a' Chiuil. Cuiridh an Cléireach Ionadail cho luath roimh ám a' Mhòid agus is freagarrach e gu Rùnaire a' Chomuinn ainmean na muinntir sin do'm miann le Comhairle Ionadail a' Mhòid cuireadh no ailean-saora a thoirt seachad.

39. Cuiridh an Cléireach Ionadail dà là an déidh gach coinneimh de'n Chomhairle Ionadail leis a'

(2) to secure suitable accommodation for the Mod and Concert proceedings.

(3) to arrange in conjunction with the representative of the Mod and Music Committee and the General Secretary for the proper stewarding and carrying out of the Mod Competitions and Concerts.

(4) to appoint the Chairmen of the Junior and Grand Concerts, subject to the approval of the Mod and Music Committee.

(5) to arrange for the local sale of Mod admission and Concert tickets and to account to the Treasurer of the Association therefor.

(6) to do such other work as may be delegated to it by the Mod and Music Committee, and generally to assist in carrying out the arrangements of the Mod.

35. The General and Local Secretaries shall each year issue a joint appeal for donations to the Mod fund.

36. The Treasurer of the Association shall determine the manner of accounting to be observed by the Local Treasurer, who shall be bound to comply therewith.

37. All accounts exceeding £3 in value incurred by the Mod Local Committee shall be certified by the Committee and transmitted to the Treasurer of the Association for payment. Accounts not exceeding £3 in value may, after being certified by the Committee, be paid by the Local Treasurer.

38. Invitations for the opening ceremony of the Mod, and all complimentary tickets for the Mod or any concerts or other functions connected therewith, shall be issued by the Secretary of the Association alone, and only to such persons as the Mod and Music Committee may determine. The Local Secretary shall, as soon as may be before the Mod, send to the Secretary of the Association a list of the persons to whom the Mod Local Committee desires that such invitations or complimentary tickets should be sent.

39. The Local Secretary shall, within two days after each meeting of the Mod Local Committee, transmit by

phosta gearr-sheanachas na coinneimh gu Rùnaire a' Chomuinn.

40. An deidh cunntas - criochnachaidh leis an Ionmhasair Ionadail ri Ionmhasair a' Chomuinn theid Comhairle Ionadail a' Mhòid a chur fa sgaoil.

41. Ullaichidh Ionmhasair a' Chomuinn, cho luath 'sa ghabhas an deidh gach Mòid, aithisg air tighinn a steach is cosdas co-cheangailte ris a' Mhòd, agus cuiridh e an aithisg sin fa chomhar Comhairle an Ionmhais agus bheir iadsan an aithisg fa chomhar na Coinneimh Ghnìomhaich.

LAMH-SGRIOBHADH RI URRASAN, Etc.

42. Bidh gach urras no dearbhadh-sgrìobhta do am bheil An Comunn an geall air a mheas daingnichte air a' Chomunn ma chuireas an Ceann Suidhe, aon Iar Cheann Suidhe agus an Rùnaire an làmhan ris.

43. Cuiridh Fear Gairme Comhairle an Ionmhais, no dà bhall de'n Chomhairle sin, agus an t-Ionmhasair an làmh-sgrìobhaidh ris gach barantas is òrdugh gu airgiod a tharruing ás an tigh-réidh. Faodaidh barantas is òrduighean a tha air am pàidheadh do'n Chomunn a bhi air am fo-sgrìobhadh le làimh an Ionmhasair a mhàin.

44. Faodaidh An Comunn sumanadh, no a bhi air a shumanadh, fo'n ainm "An Comunn Gaidhealach" (*The Highland Association*) agus Ceann Suidhe, aon de na h-Iar Chinn Suidhe agus, Rùnaire a' Chomuinn.

45. Mur 'eil an Rùnaire no an t-Ionmhasair an lathair, no am feadh agus a bhios dreuchd an dara aoin fosgailte, faodaidh dleasnas an dara fir a bhi air a ghiulan a mach leis an fhear eile.

CEANN NA BLIADHNA.

46. Bidh bliadhna chunntasail a' Chomuinn bho'n cheud là de'n Og-mhios gu ruig an là mu dheireadh de mhios a' Chéitein anns a' bhliadhna leanas.

ATHARRACHADH AIR NA FRITH-LAGHANNAN.

47. Chan urrainnear na Frith-laghannan so atharrachadh ach le rùn-suidhichte dà thrian nam ball a tha 's an làthair aig Coinneimh de'n Chomhairle Ghnìomhaich, agus sin an déidh sanas a réir Frith-lagh 10.

post a minute of the meeting to the Secretary of the Association.

40. After a final accounting by the Local Treasurer to the Treasurer of the Association, the Mod Local Committee shall be dissolved.

41. The Treasurer of the Association shall, as soon as possible after every Mod, prepare a statement of the revenue and expenditure connected with the Mod, and submit the statement to the Finance Committee who shall report thereon to the Executive Council.

SIGNATURE OF DEEDS, Etc.

42. All deeds or formal documents to which the Association is a party shall be binding on the Association if signed by the President, one Vice-President, and the Secretary.

43. All cheques or orders withdrawing money from the Bank shall be signed by the Convener or two members of the Finance Committee and by the Treasurer. Cheques or orders made payable to the Association may be validly endorsed by the Treasurer alone.

44. The Association may sue and be sued in the name of "An Comunn Gaidhealach (The Highland Association) and President,
one of the Vice-Presidents, and
Secretary, all of the said Association."

45. In the absence of the Secretary or the Treasurer, or during any vacancy in the office of either, the duties of the one may be validly performed by the other.

FINANCIAL YEAR.

46. The financial year of the Association shall run from 1st June to 31st May in the following year inclusive.

ALTERATION OF BYE-LAWS.

47. These bye-laws may only be altered by the resolution of not less than two-thirds of the Members present at a meeting of the Executive Council, and after intimation in terms of bye-law 10.

Archibald Sinclair, "Celtic Press," Glasgow.